


BLÀR SLIABH A' CHLAMHAIN

Iùl Cuimhneachain





Mar a bha a' ghrian ag èirigh air madainn
21 Sultain 1745, bhrùchd feachd neo-
dheuchainniche de fhir-cinnidh
Gàidhealach tarsainn achadh air ùr-
bhain faisg air Baile an t-Salainn ann an
Lodainn an Ear. Thug iad ionnsaigh a-
steach a bheul canan agus teine musgaid,
a' toirt dùblan do shaighdearan
proifeiseanta à stàit nuadh-aimsireil agus
air an trèanadh. Tha e coltach an aghaidh
gach sruth gun do chuir iad ruraig air an
nàmhaid ann an coinneachadh a bha
goirid ach marbhtach.

Bha na Seumasach buadhach fo stiùir
Theàrlach Ēideard Stiùbhart, am "Bonnie
Prince Charlie" den fhionnsgeul
romansach. Bha iad a' caismeachd gus an
Rìgh Deòrsa II a chur dhen rìgh-chathair
agus Taigh àrsaидh nan Stiùbhartach a
thoirt air ais gu rìgh-chathair Bhreatann.

Ach ged a dhearbh a' bhuaidh aca aig
Sliabh a' Chlamhain a bhith na briseadh-
latha fuadain, cha b'e fiù na Seumasach
a bhrosnaich e aig an àm ach cuideachd
ginealaichean de bhàird, sgriobhadairean
agus luchd-ealain a-riamh on uair sin.

Tha an iùl cuimhneachain sònraichte seo
a' mìneachadh carson agus ciamar a
chaidh am blàr a shabaid, cruth-tìre
achadh a' bhlàir san latha an-diugh, agus
mar a tha an sgeulachd ga h-innse san
latha an-diugh le Urras Dualchais Blàr
Sliabh a' Chlamhain (1745).

*Dealbh den Phrionnsa Theàrlach le Ceit
Nic an t-Sealgair*

BLÀR SLIABH A' CHLAMHAIN

lùl Cuimhneachain



Arran Maclain

Urras Dualchais Blàr Sliabh a' Chlamhain (1745)

Clàr-innse

Ro-ràdh	3
<i>An Eachdraidh</i>	
Crùn fo Fharpais	5
Gleann Fhionnainn gu Dùn Èideann	7
A' Dh'ionnsaigh Sliabh a' Chlamhain	9
Feachd nan Seumasach	11
Am Feachd Breatannach	13
Am Blàr: Latha a h-Aon	15
Am Blàr: Latha a Dhà	17

Achadh a' Bhlàir san Latha An-diugh

Achadh a' Bhlàir san Latha An-diugh: an ceann a deas	19
An Dà Chomanndair	21
Achadh a' Bhlàir san Latha An-diugh: an ceann a tuath	23
An Dileab Chultarach	25
An Taigh-tasgaidh Againn	27
Dealbhan Hillhouse	29
Grèis-bhrat Sliabh a' Chlamhain	31
Mu Ar Deidhinn	32

Ro-ràdh

Tràth sa mhadainn air 21 Sultain 1745, thug còig mile fear aghaidh air a chèile ann am blàr tarsainn achadh fhosgailte ann an Lodainn an Ear. Ann an oisean iar-thuath an achaidh-bhlàir bha coimhairsnachd gniomhachais Bhaile an t-Salainn, air ainmeachadh às dèidh gniomhachas an t-salainn a bha air a stèidheachadh an sin leis na manaich anns na meadhan-aoisean (Panaichean Bhaile nan Sagairt). Bha a' phriomh shràid a' ruith co-thaobhach ris a' chladach chreagach mar a tha i an-diugh. B' e eaglais Grainnseach Bhaile nan Sagairt (Prestongrange) agus am muileann-gaoithe, na priomh thogalaichean a bha ann an taobh an ear a' bhaile.

A-staigh bhon chladach bha seann bhaile Preston (Baile nan Sagairt) a tha a-nis mar phàirt de Bhaile an t-Salainn, leis a' chrois mhargaid ghrinn, tobhta de thùr mheadhan-aoiseach, agus àireamh de thogalaichean reachdmhor. Ann an seo cuideachd bha Taigh Bhaile nan Sagairt, taigh-mòr greadhnach a bhuineadh do dh'larla Mhàr, air a chuaireachadh le gàrradh susbainteach cloiche.

Tarsainn an rathaid gu deas tha Taigh Bankton na sheasamh, a bha aig an àm sin ann an seilbh an oifigeir airm ghaisgeil, an Còirneal Seumas Gardiner. A' ruith gu an ear bho a ghàrraidhean, fad na slighe gu tobhta na lùchait bho linn an ath-bheothachaidh ann an Seton, bha clais dhomhainn drèanaidh agus

sreach fhada de bhuaileagan agus fearann-boglaich. Bha sin aithnichte mar Faichean Tranent, agus bha sin a' dèanamh suas na crìch a deas air machair leathan fhosgailte àiteachais, a bha a' faomadh air a socair sìos a dh'ionnsaigh Linne Fhoirthe agus panaichean salainn Chùil Choinnich.

A coimhead thairis air a' chruth-tìre air fad, bha druim fada a bha a' giùlain an rathaid mhòir bho Dhùn Èideann gu Haddington, seachad air Bràigh Birslie gu baile mèinnearachd Tranent. Aig ceann a tuath an tuineachaидh sin, bha eaglais shusbainteach le túr na teis-meadhain, agus cladh air a chuaireachadh le balla làidir cloiche agus gil chraobhan sios aon taobh dheth.

Às an seo, a' ruith dìreach thar nam Machraichean agus tarsainn an raoin seachad air a dh'ionnsaigh Cùil Choinnich, bha slighe fhiodha charbadan a bha a' dol air ais ann an tìm gu 1722. Bha an t-slighe sin a' giùlain meudan mòra de ghual bho na mèinnean mu thimcheall Tranent gu na panaichean salainn aig a' chosta.

Bha an cruth-tìre seo, measgachadh de thaighean-mòra, bailtean, eaglaisean, àiteachas agus gniomhachas, a' cumadh suidheachadh mì-choltach airson blàr air an robh, mar a sgriobh Sir Bhalter Scott às dèidh cùise, am freastal co-dhiù aig Alba a rèir coltais an eisimeil: Blàr Sliabh a' Chlamhain.



Pannal IT01a de Ghreis-bhrat Diaspora na h-Alba, a' riochdachadh an teaghlach Stiùdhart air fògradh nuair a bha a' chùirt aca stèidhichte san Ròimh. Air fhuaigheal le Arran Maclain a rèir an dealbhaidh aig Anndra Crummy.

Crùn fo Fharpais

Bha taigh Rìoghail nan Stiùbhartach a' riaghladh Alba bho 1371. Thàinig crùn Shasainn gu Righ Seumas VI mar dhileab ann an 1603, ag aonachadh rioghachdan Bhreatann fo aon mhonarc. Ach bha coltas gun robh dualchas iongantach nan Stiùbhartach an dàm a thighinn gu crich an déidh nan Cogaidhean Catharra fhuitteach a lean gu Teàrlach I a chur gu bàs ann an 1649. A dh'aindeoin sin, an déidh corr air deich bliadhna air fògradh, thill Teàrlach II ann an 1660 agus chaidh a' mhonarcachd a thoirt air ais.

Bha teannachdan creideimh air a bhith nam prìomh adhbhar air na Cogaidhean Catharra, agus mar sin bha an co-dhùnad aig bràthair an righ ùir iompachadh chun a' chreideimh Chaitligich, anabarrach connspaiseach. On nach robh clann dhligheach aig Teàrlach II, b'e a bhràthair a thainig gu bhith na Righ Seumas VII ann an Alba (II ann an Sasainn) ann an 1685. Bha dithis nighean Phròstanach aig Seumas, Màiri agus Anna, ach phiobraich breith a mhic (cuideachd leis an ainm Seumas) Reabhlaid ann an 1688. Gus bacadh a chur air còir-sheilbheachd Chaitligeach, chaidh cuireadh a thoirt don fhearcèile aig Màiri, Uilleam Orains, athair-cèile a chur a-mach à dreuchd.

Thilg an Reabhlaid sin Seumas agus a naoidhean mic air fògradh. Bha an luchd-taic aige aithnichte mar Seumasaich, bhon fhacal Laideann air Seumas: Jacobus. Sna bliadhnaichean às déidh sin, dh'fhaileanich air

iomairtean fuitteach ann an Alba agus Éirinn air an righ-chathair fhaighinn air ais don Righ Seumas. Stèidhich e cùirt air fògradh faisg air Paris fhad 's a bha Uilleam agus Màiri a' riaghladh na àite. Cha robh clann aig an dithis cho-mhonarcan, mar sin chaidh an crùn às déidh sin gu Anna, piuthar Màiri. Rè an rioghachaidh aiceise, chaidh gabhail ri Achd an Aonaidh ann an 1707. B'e Anna am monarc Stiùbhartach mu dheireadh ann am Breatainn.

An déidh don Righ Seumas VII is II bàs fhaighinn air fògradh ann an 1701, ghabh na Seumasaich ri a mhac, Seumas Frainseas Stiùbhart, mar an righ ùr aca "tarsainn a' chuair". Ach bha Seumas air a thogail mar Chaitligeach agus fiù nuair a fhuaire a' Bhanrigh Anna bàs gun chlann ann an 1714, dhiùlt a' Phàrlamaid ceadachadh do a bràthair a bhith na righ. Chaidh an crùn an àite sin a thabhach do Thaghadair Hanòbhair sa Ghearmailt. B'e piuthar don Righ Teàrlach I a bha na sheanmhair. Dh'èirich na Seumasaich an aghaidh an Hanobhàirianach Righ Deòrsa I ann an 1715 agus 1719, ach gun shoirbheachadh sam bith.

Bha cùirt Sheumais air fògradh stèidhichte san Ròimh a-nis. Ann an 1720, thug breith a chiad mhic dòchas ùr do na Seumasaich. Dh'fhàs e suas gu bhith beusach agus lùth-chleasach, air a thogail gu bhith na ghaisgeach ùr don "adhbhar onarach". B'e Teàrlach Èideard Stiùbhart a b' ainm dha, agus thàinig an t-àm aigesan mu dheireadh thall ann an 1745.



Pannal 57 de *Grèis-bhrat Sliabh a' Chlamhain*, a' taisbeanadh a' Phrionnsa 's e a' cumail comhairle cogaidh. Chaidh am pìos seo a ghrèiseadh le Meg Porteous à Dùn Ēideann a rèir an dealbhaidh aig Anndra Crummy.

Gleann Fhionnainn gu Dùn Èideann

Tràth ann an 1744, shiubhail Teàrlach Èideard Stiùbhart don Fhraing ann am fior dhiomhaireachd. Bha an Roinn Eòrpa bogte ann an cogadh, agus bha an Fhraing air an taobh eile an aghaidh Bhreatainn agus Hanòbhar (air an riaghlaigh le Rìgh Deòrsa II). B' e plana nam Frangach gun deigheadh Teàrlach, a bha a-nis tràth sna ficheadan, còmhla ri feachd tarsainn an t-Sianail. Chaidh casg a chur air a' chiad turas seo le droch aimsir stoirmeil agus le Cabhlach Rìoghail a bha fuireachail, ach dhiùlt Teàrlach an cothrom seo a chall.

San t-samhradh 1745, sheòl am Prionnsa le dà shoitheach às a' Bhreatainn Bhig agus a' dèanamh air Alba. Chaidh aon soitheach a thilleadh air ais an dèidh batal fuliteach aig muir, ach chùm Teàrlach fhèin a' dol. Chaidh e air tir ann an Èirisgeigh air costa an iar na h-Alba air an 23 luchar. Thòisich an t-Aramach gu h-oifigeil air 19 Lùnastal nuair a thog am Prionnsa a Bhratach aig Gleann Fhionnainn. Thàinig timcheall air 1,200 Gàidheal na chuideachd an latha sin agus chruinnich barrachd nuair a thòisich am feachd beag aige a' caismeachd a dh'ionnsaigh Dhùn Èideann.

B' e an Leifteanant Sir Iain Cope an comannair armalteach a bha aig Deòrsa II ann an Alba, fear a bha na shaighdear dreuchdail agus làn eòlais. Dh'fhàg dànadas nan Seumasach an riaghaltas mì-ullaichte agus bha an cogadh san Roinn Eòrpa a' ciallachadh nach

robh aig Cope ach feachd beag ann an Alba. Mar sin, dh'fhailnich na h-oidhirpean aige air smachd fhaighinn air an aramach oir cha robh e deònach am feachd aige fhèin a thoirt air adhart ro dhomhainn a-steach do na beanntan. Fhad's a bha na Seumasach a' caismeachd gu deas, rinn na nàimhdean spàrn air faighinn tarsainn gu Obar Dheathain, far an robh cabhlach còmhdaile a' cruinneachadh. Bha an rèis gu Dùn Èideann air tòiseachadh.

Bha na planaichean airson dìon a chur air prìomh-bhaile na h-Alba troimh-chèile agus às aonais co-òrdanachaidh. Cha robh dìlseachdan earbsach aige agus bha iad air bhioran le eagal mu dè dh'faodadh na Gàidheil a dhèanamh nam feuchadh am baile ri strì nan aghaidh. Air 17 Sultain, aig uairean beaga na maidne, fhuair na Seumasach grèim air geata a bha air fhàgail fosgailte agus dhleas iad Dùn Èideann gun aon urchair a leigeil. Nas fhaide air adhart an latha sin, chuir àireamh fior-mhòr de shluagh failte air a' Phrionnsa gu Taigh an Ròid agus chuala iad an Rìgh Seumas air a ghairm aig crois na margaid.

San eadar-ama, bha cabhlach Sir Iain Cope à Obar Dheathain air Dùn Bàrr a ruighinn. Bha e ro fhadalach airson casg a chur air a' phrìomh-bhaile tuiteam, agus bha feum aige a-nis air buaidh dhearbhach fhaotainn gus deireadh luath a chur air adhartas leantainneach a' Phrionnsa.



Tha cruth-seallaidh de achadh a' bhlàir san taigh-tasgaidh a' sealltainn an dà fheachd
dìreach mùmaidean mus deach iad an
glaic a chèile air madainn 21 Sultain 1745,
le saighdearan neo-dheuchainniche a'
Phrionnsa an ìmpis ruig a chur air loidhne
mhì-chinnteach saighdearan dearga Sir
Iain Cope.

A Dh'ionnsaigh Sliabh a' Chlamhain

An dèidh a bhith a' caismeachd fad ceithir seachdainean, lorg an dà fheachd iad fhèin a-nis air an sgaradh direach coig air fhichead mìle bho chèile: na Gàidheil Sheumasach ann an Dùn Èideann agus "saighdearan deurga" Arm Bhreatainn ann an Dùn Bàrr. Bha an dà chomanndair deiseil airson sabaid agus thug iad ceum a-mach a shireadh sin. Bha aig an t-Seanalair Cope ri deireadh luath a chur air an aramach, agus bha aig a' Phrionnsa Theàrlach ri e fhèin agus fheachd a dhearbhadh sa bhilàr.

Ghabh na saighdearan deurga an t-slige gu an iar bho Dhùn Bàrr air 19 Sultain, a' gabhail tarsainn Abhainn Tyne ann an Linton an Ear agus a' dol air adhart cho fada ri Haddington. Shuidhich iad an campa an sin, ged a thug rabhadh gun bhrìgh air na fir cumail fuireachail. Chaith saor-thoilich shiòbhalta a bha air a thighinn a-steach don fheachd, a chur air adhart mar rabhadairean a chumail sùil air na rathaidean tron oidhche, agus chaith àireamh dhiubh a ghlacadh leis na Seumasach. An ath mhadainn, lean an t-Arm Breatannach orra a dh'ionnsaigh Dhùn Èideann, a' gluasad sios dhen an talamh àrd gus an rathad a chleachdadh a bha a' dol tarsainn a' phàirt den tuath a bu chòmhnhard agus a b' fhosgailte.

Bha fios aig na Seumasach gun robh an nàimhdean a' caismeachd agus chruinnich iad aig Duddingston air madainn 20 Sultain. Ghluais an fheachd an uair sin gu an ear gu Baile nam Feusgan, far an deach iad tarsainn abhainn Easg thairis air an t-seann drochaid chloiche a tha fhathast na sheasamh an sin. Fhad's a bha iad a' dùnamh sin, bhathar gan amharc le pàrtaidh rabhaidh cliùiteach anns an robh am Morair Druim Mòr, larla Lùghdan, agus larla Home. Bho an suidheachadh aig Inbhir Easg, mharcaich iad air ais gu an t-Seanalair Cope far an robh an fheachd aige air St Germain's a ruighinn.

Dioghrasach mu bhuanachd an talaimh àird a ghleidheadh, thionndaidh na Seumasach an colbh suas gu uachdar an droma a tha a' cumail smachd air an talamh chòmhnràd aig a' chosta. Mheàrrs an tùs-fheachd cho luath agus gun robh duilgheadas aig deireadh an fheachd cumail suas riutha. Aig Bràigh Birslie, timcheall air 1f, choimhead am Prionnsa agus a chuid oifigearan sìos tarsainn an talaimh chòmhnaird a dh'fhaicinn feachd Bhreatainn a' meàrrsad a-steach do na h-achaidhean eadar Baile nan Sagairt agus Seton. Mu dheireadh thall, an dèidh turas de mu 200 mìle bho Ghleann Phionnainn, bha na Seumasach a-nis an ìmpis a bhith a' cur aghaidh air an nàimhdean san achadh.

Am Prionnsa Teàrlach Èideard Stiùbhart a'
stiùireadh an fheachd Sheumasaich air
caismeachd, bho dheireadh-sheachdain an
ath-achdachaidh air Blàr Sliabh a'
Chlamhain ann an 2021. Íomhaigh le
Phoenix Photography Alba.



Am Feachd Seumasach

Bha am feachd Seumasach a rinn caismeachd gu Sliabh a' Chlamhain air a chur ri chèile gu luath le glè bheag de dh'ùine airson trèanadh mus b' fheudar fheuchainn a-mach. Bha Gàidhlig aig a' mhòr-chuid de na fir bho thaobh siar agus meadhan na Gàidhealtachd, na h-àiteachan tron robh am Prionnsa air meàrrsadhus Dùn Èideann a ruighinn. Bha am feachd de neart timcheall air 2,500 fear, beag a rèir ìrean an latha ach co-ionann ri feachd Sir Iain Cope.

Cha robh èideadh-airm fairmeil air na Seumasach, agus bha iad air an comharrachadh le ribean no "dos" geal nam bonaidean. Bha èideadh Gàidhealach air a' mhòr-chuid, gu tric le fèileadh-bhreacain de chlòimh thartain, le peitean agus còta goirid. Bha na buill-airm aca measgaichte: bha claidheimhan leathan, biodagan agus targaidean (sgithan beaga cruinn) aig na fir a bu bheartaiche, a thuilleadh air dagaichean; bha musgaidean air an

riarachadh do chàch. Bha làmh-thuaghan dubhanach air pòla fada, ris an cainte Loch Abar, aig beagan de na fir bu bhochda. Bha neo-chunbalachd na h-armachd agus dìth trèanaidh fhoirmeil a' ciallachadh gun robh am plana cogaidh Seumasach an eisimeil comas nan saighdearan coise.

Bha am feachd Seumasach air a roinn ann an trì earrannan aig Sliabh a' Chlamhain, agus dheisealaich iad airson a' bhlàir le dà roinn air an loidhne aghaidh agus an treas roinn air a' chùl. Ghabh am Prionnsa an t-uallach iomlan os làimh agus b' fheudar a chasd bho an ionnsaigh a stiùireadh bhon aghaidh. Ged a bha eich aig a' mhòr-chuid de na h-àrd-oifigearan, bha a h-uile neach aca – agus am Prionnsa – a' sabaid air chois aig Sliabh a' Chlamhain. B' e Eachraidh Shiorrachd Pheairt an t-aon sguadran eachraidh a bha an làthair, air a dhèanamh suas à dìreach 36 dhaoine uaisle agus an searbhantan.

Roinn a' Mhorair Seòras Moireach:

Rèisimeid Chamshronaich Loch lall; Rèisimeid na h-Apainn: Clann Mhic Griogair;
Rèisimeid Dhiùc Pheairt.

Seumas Druimeanach, Rèisimeid Dhiùc Pheairt:

Rèisimeidean Chlann Dòmhnaill: A' Cheapaich; Gleanna Comhann; Gleanna Garadh; Clann Raghnail.

Roinn a' Mhorair Nairne:

Bragàid Athaill; Clann Mhic Dhonnchaidh; Clann Mhic Lachlainn.

Eachraidh:

Sguadran Eachraidh Srath Alain Shiorrachd Pheairt

Saighdearan bho Eachraidi Hamilton a'
coimhead tarsainn gu feachdan nan
Seumasach air an loidhnigeadh mu an
coinneimh, seo bho ath-achdachaidhean
ann an 2021. ìomhaigh le Phoenix
Photography Alba.



An t-Arm Breatannach

Bha an t-Arm Breatannach aig Sliabh a' Chlamhain air an dèanamh suas cha mhòr gu leir de shaighdearan proifeiseanta. Bha buannachd aca a thaobh trèanadh armalteach còmhla ri taic ionmhasail agus ro-innleachdail na stàite. A dh'aindeoin sin, b'e glè bheag dhiubh a bha nan gaisgich còmhraig. Bha iad bho air feadh Bhreatainn, a' gabhail a-steach Alba. An dèidh gearastanan ro-innleachdail air feadh na dùthcha fhàgail, bha timcheall air 2,500 saighdear aig Sir Iain Cope airson cothachadh an aghaidh nan Seumasach ann am blàr fosigailte.

Taobh a-staigh an fheachd bha dà rèisimeid eachraidh slàn, na 13mh agus 14mh Dragùnan. Bha sin a' gabhail a-steach 600 saighdear eachraidh armaichte le musgaidean, dagaichean agus claidheimhan. Bha na 13mh Dragùnan fo stiùir a' Chòirneil Seumas Gardiner, gaisgeach bho chogaidhean Marlborough a thurchair a

bhith a' còmhnaidh ann am Baile an t-Salainn.

Bha na rèisimeidean coisridh uile air an deagh uidheamachadh le musgaidean "Brown Bess" agus beugaileidean, agus air an trèanadh gu sabaid ann an trì sreathan gus an neart-teine a chuimseachadh gu làidir. Dh'fhaodadh làdaich smachdaichte nam platùnan Breatannach a bhith marbhtach, ach bha an loidhne tana agus cugallach air na cliathaichean. Mar sin aig Sliabh a' Chlamhain, bha an dà rèisimeid de dhragùnan air an cur aig gach ceann den loidhne.

A thuilleadh air a' choisridh agus an eachraidh, bha trèana beag de ghunnraidh aig feachd Cope: sia cananan beaga agus sia mortaran. Ach bha gainnead ann de ghunnairean air an trèanadh, agus bha na piosan sin air an ùisneachadh le seòladairean a chaidh a chur air tir bho HMS Fox agus Neodhliglich bho Chaisteal Dhùn Éideann.

Coisridh:

Rèisimeid Coisridh a' Mhoirich (a-nis an 3mh Batàillean na Raidhfilean)

Rèisimeid Lascelles (a-nis Rèisimeid Dhiùc Lancaster)

Rèisimeid Guise (a-nis Rèisimeid Rioghail nam Fiùsailearan)

Rèisimeid Lee (a-nis 3mh Batàillean Rèisimeid Anglach Rioghail)


Eachraidh:

13mh Dragùnan Gardiner (a-nis Na Dragùnan Aotrom)

14mh Dragùnan Hamilton (a-nis Hussaran Rioghail an Rìgh)

Freiceadain Bagaist:

Am Freiceadan Dubh (1 chompanaidh); Gàidheil Lùghdain



Cladh Tranent, a chaidh a ghabhail thairis
le piogaid de Chlann Chamshroin air 20
Sultain. Chaith an eaglais ath-thogail às
dèidh sin air an aon bhun-stèidh ach ann
an cruth nas sìmplidhe.

Am Blàr: Latha a h-Aon

20 Sultain

Bha na Seumasaich den bheachd an toiseach gun robh an suidheachadh a bu làidire acasan, ach dh'fhoghlaim iad glè luath nach robh an talamh aig bonn an droma aig Bràigh Birslie freagarrach airson ionnsaigh. Bha an dìg agus am boglach ga dhèanamh do-dhèante a dhol an sàs sna saighdearan deurga. Mar sin, thòisich na Seumasaich a' gluasad nas fhaisge do Tranent, agus għluais an Seanalair Cope a shuidheachadh airson cumail suas riutha. Rinn na saighdearan aige brisidhean ann am ballachan pàirce Bhaile nan Sagairt air eagal 's gum feumadh iad gluasad gu luath tron oighreachd, agus chaidh bagaist arm Bhreatainn a għluasad gu sàbhailteachd ann an Cùil Choinnich.

Le ballachan na pàirce air an làimh dheis agus na boglaichean air am beulaibh, bha coltas gun robh feachd Cope tèarainte bho ionnsaigh. Mura lorgadh na Seumasaich dòigh air ionnsaigh a chur an gniomh, dh'fhaodadh gum meàrsadh Cope air falbh tron oidhche a ghleidheadh Dhùn Èideann.

Gus dèanamh cinnteach gun robh geàrd a' faire air an fhrith-rathad charbadan tarsainn nam boglaichean, chaidh leth-cheud Seumasach bho Chlann Chamshroin a chur mu thimcheall balla cladh Tranent agus sa għil choillteach ri thaobh. Nuair a chuir Cope saor-thoileach air falbh a dh'fhaicinn an t-suidheachaidh, thòisich

na fir-cinnidh a' losgadh agus mar sin dh'fhoillsich iad an suidheachadh. Fhreagair na saighdearan deurga le a dhà de an cananan a losgadh, ag adhbhurachadh ciad a leòn sa bhlàr. Tharraing na Gàidheil às an àite san robh iad ach chleachd iad an cladh mar chrò do na h-eich.

Tron oidhche, las Cope teintean mòra agus loisg e mortaran airson ûine għoirid a dh'ionnsaigh Tranent gus dragh a chur air na Seumasaich. Għluais am Prionnsa a' mhorr-chuid den fheachd aige tro Tranent air an fheasgar, agus dh'fhàg e Bragàid Athaill gu an iar gus aire a chur air an àite sin. Bha iomairtean beaga aca leis na piocaidean deurga faisg air Bankton.

Mu dheireadh thall, shocraich an dà fheachd iad fhèin airson oidhche mhì-chofhurtail nan laighe ann an achaidhean fosgailte. Aig meadhan-oidhche, chomhairlich Raibeart MacAnndrais (aig an robh teaghħlach a' fuireach faisg air Tranent) am Prionnsa Teàrlach air slighe a bha comasach tarsainn nam boglaichean. Thabhaich seo cothrom air an ana-ghèilleadh a bhriseadh le bhith a' toirt an dà fheachd gu chèile mu dheireadh thall, ach bha e a' ciallachadh gum fàgadh na Seumasaich an talamh àrd, mar sin gan gearradh fhèin air falbh bho thuath. B'e cunnart mòr a bh' ann ach bha am Prionnsa deònach am meantair sin a għabbail.



Pannal 89 de *Grèis-bhrat Sliabh a' Chlamhain*, a tha a' sealltainn a' Phrionnsa agus a shaighdearan a' gairm a shoirbheachas. Tha fianaisean ag aithris gun robh Teàrlach air èideadh mar chaiptean Gàidhealach sìmplidh. Air fhuraigheal le Màiri Richardson à Tranent, a rèir an dealbhaidh aig Anndra Crummy.

Am Blàr: Latha a Dhà

21 Sultain

Aig 4m air 21 Sultain 1745, lean an t-arm Seumasach slighe Raibeart MhicAnndrais a-steach do na boglaichean. Chaidh iad tro bhealach cumhang faisg air tuathanas Riggonhead, an uair sin tarsainn na dìge drèanaidh air drochaid bheag fhiodha faisg air Seton. Roghnaich am Prionnsa Teàrlach leum tarsainn, a' tuiteam air a ghlùinean air an taobh thall. Dh'fhidir freiceadain an t-Seanalair Cope na Seumasach a' teachd agus losgadh canan gus aire an airm a thogail. Leum saighdearan suas bhon talamh far an robh iad air cadal – cha robh teantaichean air an cur suas on a bha an nàmhaid cho faisg - agus chaidh an loidhne-blàir a chur ri chèile. An uair sin, ghluais Cope an loidhne seo tarsainn an rèile-rathaid gus a bhith a' coimhead gu an ear.

Chuir an t-arm Breatannach crìoch air an ath-shuidheachadh seo gu luath agus gu h-èifeachdach, ach bha an loidhne a thàinig às mi-cheart. Cha robh tide ann airson an canan a sgaoileadh sìos an loidhne, mar sin dh'fhuirich iad nam buidheann còmhla. Bha seo a' ciallachadh nach robh farsaingeachd gu leòr ann airson Dragùnan Gardiner a dhol nan àite cheart, a' fàgail sguadran air an glacadh air cùl nan gunnachan.

Bha laigse ann an loidhne-blàir nan Seumasach cuideachd: bha beàrn air fosgladh a-mach eadar an dà roinn san loidhne aghaidh. Gu fortanach, bha an dàrna loidhne comasach air seo a chòmhach. Mun uair a bha na Gàidheil nan àite, bha a' ghrian ag èirigh. A-muigh air an tuath mu choinneamh nàmhaid le cumhachd losgaidh fada nas mothà, bha aig na Seumasach ri

ionnsaigh a thoirt sa bhad. Chaidh iad air adhart ann an dòigh chunbalach, a' losgadh mar a bha iad a' gluasad air adhart agus a' cruinneachadh nam buidhnean teann ron ionnsaigh. Bha cananan nam Breatannach a' losgadh ach chaidh an criutha nam breislich agus theich iad. Lagaich na dragùnan ri taobh a' ghunnraidh nuair a chaidh an Leifteanant Còirneal Whitney a leòn, agus mar a dh'fheuch iad ri tarraing às tro loidhnichean nan gunnachan mòra, thòisich am mì-rian ri sgaoileadh.

Air an trèigsinn leis a' ghunnraidh agus an eachraidh, bha na rèisimeidean coisridh deurga air am fàgail gus an làdaich a losgadh leotha fhèin. Ann an ùine ghoirid bha am feachd gu lèir a' teicheadh, ach fhuair mòran dhiubh an slighe teichidh air a casg le ballachan àrda na pàirce ann am Baile nan Sagairt. Chaidh buaidh fhaighinn air a' Chòirneal Gardiner agus e a' feuchainn ri a shaighdearan a bhrosnachadh timcheall craoibh sgithich. Shoirbhich leis an t-Seanalair Cope aig a' cheann mu dheireadh air na dragùnan a bhrosnachadh faisg air Taigh Bankton, ach nuair a dhiùlt iad a dhol air ais air achadh a' bhlàir, stiùir e air falbh iad gu sàbhailteachd.

Thug na Seumasach bagaist agus airgead uile an nàmhaid an grèim còmhla ricòrr air 1200 prìosanach. Cha b' urrainn don bhuaidh aca a bhith nas dèanta. Bha e air beatha mu 50 Seumasach a chosg agus timcheall air 400 saighdear Breatannach.

Cha bhi a' mhòr-chuid de an ainmean aithnichte gu bràth; tha iad air an tiodhlacadh ann an achadh a' bhlàir chun an latha an-diugh.

Leòmhannan Carragh-cuimhne a' Chòirneil
Gardiner a' caoidh, air a dhealbhadh le
Alexander Handyside Ritchie ann an 1853.
Chithear Taigh Bankton air faire, an
dachaigh a bha aig Gardiner.



Achadh a' Bhlàir san latha an-diugh: an ceann a deas

Tha eachdraidh fhada mu thimcheall tadhail air achadh a' bhlàir. B' e aon de na ciad fheadhainn, air dearbh latha a' bhlàir, an tuathanach-bàrd Adhamh Skirving a sgrìobh an òrain '*Hey Johnnie Cope!*' Bliadhna às dèidh sin, thill am fògarrach Seumas Maclain gu achadh a' bhlàir, a' stad agus a' meòrachadh air diomaineachd buaidh. Choisich Sir Bhaltar Scott air an achadh, air a leantainn le mòran a bha air leughadh mun bhlàir san nobhail aige, Waverley.


Bidh a' mhòr-chuid de luchd-tadhail san latha an-diugh a' tòiseachadh aig Faiche na Muilne (Meadowmill), far a bheil pioramaid feurach a' toirt seachad a dh'aon ghnothaich, àite-amhairc 360° air seallaidhean grinn. Tha e air a chruthachadh bho sheann chartadh-mèinne, na ìomhaigh den ghniomhachas a bha aig aon uair a' riaghlaigh na cruth-tìre. A-nis, tha e na sheasamh eadar achaidhean cluiche, ann an teis-meadhain àite a bha aig aon àm na bhoglach a bha a' sgaradh an dà fheachd air 20 Sultain.

Bhon phàirce chàraichean aig Faiche na Muilne, tha ceum-coise a' dol gu deas, a' leantainn loidhne rathad charbadan 1722 a dh'ionnsaigh Tranent. Tha e a' dèanamh a shlighe fo mhòr-rathad A1 mus èirich e suas a dh'ionnsaigh mullach an droma. Tha an sealladh chun na làimhe deise a' coimhead a dh'ionnsaigh Bràigh Birslie, far an do nochd am feachd Seumasach an toiseach. Nas fhaide air adhart tha an 'heugh', a' ghil choillteach far an robh na

fir-cinnidh Chamshronach air an leòn le urchairean nan gunnachan-mòra.

Tha eaglais Tranent ag èirigh suas os cionn an rathaid, air cùlaibh a' bhalla cloiche agus nan craobhan urramach. Chaidh an eaglais fhèin ath-thogail aig deireadh na 18mh linn, ach le bhith a' coiseachd timcheall a taobh a-muigh, lorgaidh an neach-tadhail cuimhneachain air an t-seann eaglais: obair-cloiche nas sine faisg air bonn nam priomh bhallachan; taicean aig an oisean iar-thuath; uinneagan meadhan-aoiseach air an liònadh suas a b' àbhaist a bhith aig an trannsa a tuath. Chaochail an Còirneal Gardiner anns a' mhansa a bha ri taobh a' chladha (a-nis na dhachaigh phriobhaideach), agus tha plac a' clàradh far a bheil e air a thiодhlacadh faisg air oisean iar-dheas na h-eaglaise.

A' tilleadh gu Faiche na Muilne, faodaidh an neach-tadhail ceum-coise a ghabhail seachad air na raointean spòrs a tha a' ruith co-thaobhach ri loidhne-rèile an latha an-diugh. Tha e a' leantainn air gu Taigh Bankton a bha aig aon àm na dhachaigh do Gardiner. Ann an 1853, air cnocan iosal aig bonn lònaich a bha a' leantainn chun an taighe aig aon àm, chaidh tursa àibheiseach a thogail mar chuimhneachan air Gardiner. Tha ceum-coise domhainn tro na craobhan nas fhaide an iar a' solarachadh slighe gu Tucaid Bankton, far am faigh luchd-tadhail barrachd a-mach mu dheidhinn sgeulachd Gardiner.



A portrait painting of a young man with powdered grey hair, wearing a red military uniform with gold epaulettes and a plumed hat. He is looking slightly to his right. The background is dark.

Fiosrachadh mu dhealbh den Leifteanant-Seanalair Sir
Iain Cope, air a pheantadh le Ceit Nic an t-Sealgair ann an
2011. A chliù air a sgrios tron ruaig aig Sliabh a'
Chlamhain, tha an seanalair air a dhèanamh bith-bhuan
ann an òran ainmeil Adhamh Skirving, *Hey Johnnie Cope!*

An Dà Chomanndair

Bha am feachd Seumasach air a stiùireadh leis a' Phrionnsa Theàrlach Èideard Stiùbhart a bha ceithir bliadhna fichead a dh'aois. Bha a chuid eòlais armalteach cuibhrichte gu beagan sheachdainean a' frithealadh sèist na dheugair òg, far an robh a mhisneachd agus a chleamhnais leis na saighdearan air am moladh. Bha aig a' Phrionnsa ri dèiligeadh ris an obair dhùbhlanach an lùib stiùireadh feachd aig nach robh eòlas, a' treòrachadh dhàimhean pearsanta dhuilich am measg an luchd-obrach aige a thuilleadh air na cuideaman ro-innleachdail, poilitigeach agus rianachdail san iomairt àrd-amasach aige.

Choisinn Teàrlach càirdeas nam fear aige tro bhith ga fhaicinn a' roinn an cruadalan air chaismeachd agus a dhiongmhaltas a thaobh an stiùireadh gu pearsanta. Lorg fiù cuid de a dhùbhlanach mòran ri mholadh, ach bha luchd-propaganda an aghaidh nan Seumasach ag obair cruaidh gus am Prionnsa a nochdadh mar choigreach lag agus neo-èifeachdach agus na phupaid den phàpachd. A-riamh on uair sin, tha beachdan air a bhith stiùirichte san dòigh sin. Tha e air a thighinn gu bhith mar aon de na figearan as ìceanaich ann an eachdraidh na h-Alba, an dà chuid air a romansachadh agus air a shlaughtearadh, agus aithnichte le meas san fharsaingeachd mar "Bonnie Prince Charlie".

Air an làimh eile, b' e oifigear eòlach a bh' ann an Iain Cope KB agus gaisgeach de dh'iomairtean san Spàinn agus sa Ghearmailt. Aig aoi 57, b' e saighdear dreuchdail a bh' ann a bha an dèidh a bhith san arm fad a bheatha inbheach, a thuilleadh air a bhith a' frithealadh grunn theorimean mar Bhall Pàrlamaid. Bha Cope air àrdachadh gu Leifteanant-Seanalair le Rìgh Deòrsa II às dèidh Blàr Dettingen ann an 1743 agus air comannnd ann an Alba fhaighinn beagan ùine às dèidh sin. Le cogadh aig àirde san Roinn Eòropa, bha na feachdan a bha air fhàgail ann an Alba cuibhrichte agus air an sgapadh gu farsaing. Bha mòran de na fir aig Cope nach robh nan gaisgich còmhraig, ach bha iad nan saighdearan proifeiseanta làn-ùine.

Tha coltas gur e comanndair faiceallach a bh' ann an Sir Iain Cope, feart a bha air fhaicinn le luchd-càinidh mar dhiùideachd. An dèidh Blàr Sliabh a' Chlamhain, thàinig e gu bhith mar chùis-choireachaidh airson ruraig an airm aige. Aig ceasnachadh foirmeil a chaidh a chumail aig Horse Guards san ath bhliadhna, chaidh co-dhùnaidhean Cope a sgrùdadadh gu mionaideach agus lorgadh gun robh e gun choire. Bha cùirt a' bheachd fharsaing ge-tà de bharail eile, agus cha do stiùir Cope feachd aim air an achadh a-riamh às dèidh sin.



Fiosrachadh mu chàrn cuimhneachain
Uilleam MacDhaibhidh a chaidh a thogail
ann an 1932. Chaidh an carragh-cuimhne
cloiche simplidh seo a thogail an dèidh call
na craoibhe-dhrisean a bha air bàsachadh
agus air a leagail leis a' ghaoith.

Achadh a' Bhlàir san latha an-diugh: an ceann a tuath

Far an robh aig aon uair boglaichean Fhaichean Tranent a' roinn achadh a' bhlàir, an-diugh tha an loidhne rèile. Tha sin a' leantainn loidhne na dige drèanaidh a bha a' comharrachadh an oir thuath den bhoglach ann an 1745. Seachad air an loidhne rèile, ri taobh an rathaid inntrigidh gu Faiche na Muilne, tha càrn cuimhneachain cloiche na sheasamh. Chaidh a dhealbhadh leis an ailtire Uilleam MacDhaibhidh agus a thogail ann an 1932 le Comann Gleidhidh Alba Dhùthchail. Tha capsail-tìme ann, agus ann an 1953 chaidh cnàmhan a lorgadh air achadh a' bhlàir ath-thiodhlacadh an seo.

Tarsainn an rathaid bhon chàrn, tha an t-achadh far an do chuir an t-arm Breatannach seachad an oidhche ron bhlàr. A' leantainn an rathaid gu an iar, tha an luchd-tadhail a' tighinn gu post-seòlaidh a tha gad thoirt a-steach do na taighean aig oir Baile an t-Salainn. Sios an fhrith-rathad seo taobh a-staigh pàirce-cluiche chloinne, tha colbh cloiche a' comharrachadh an àite far an robh a' chraobh-dhrisean ainmeil a bha mar phriomh chomharra-iùil gu achadh a' bhlàir. Chaidh a dhealbhadh le Michelle de Bruin agus a thogail ann an 1998.

A' gabhail gu an ear bhon chàrn, tha an neach-tadhail air a thoirt air ais gu loidhne rathad-charbadan 1722, a shoirbhich mar fhrith-rathad fada dìreach a' dol a dh'ionnsaigh a' chosta. Tha leantainn a' chois-cheum seo gar toirt gu an dà Bhòrd Cuimhneachaidh a chaidh a

thogail ann an 2018 mar chuimhneachan orrasan a chaill am beatha an seo ann an 1745. Faodaidh luchd-tadhail a tha ag iarraidh cuairt nas fhaide, leantainn orra sìos an rathad-charbadan gus an ruig e an rathad mòr, agus leantainn orra an uair sin gu tuath gu Taigh Chùil Choinnich (far an deach pàirt den bhagaist a lorg), no a dhol tarsainn agus an rathad gu an ear a ghabhail a dh'ionnsaigh Seton Mains. Tha seo a' leantainn tro na h-achaidhean air an deach na Gàidheil tarsainn aig àm na h-ionnsaigh. Chithear Caisteal Seton air faire, a tha an àite na lùchairt sgriosta a bha na seasamh aig àm a' bhlàir. Tha na soidhnichean airson cuairt achadh a' bhlàir ann an Gàidhlig cho math ri Beurla gus cuimhne a chumail air a' chànan a bha na Gàidheil a' labhairt.

Taobh a-staigh Baile an t-Salainn fhèin, lorgar tobhta dhrùidh-teach Tùr Bhaile nan Sagairt. Tha e air aithris gun robh buidheann de luchd-amhairc à Fiobha a' coimhead a' bhlàir bhon túr. Is fhiach cladh Grainnseach Bhaile nan Sagairt tadhal air cuideachd: bha Alasdair Carlyle ag amharc air na Seumasach bhon túr an seo. Tha clach mhòr agus liomhte tro thìde ann am balla a' chladha, a tha mar cuimhne air Rèisimeid a' Chaiptein Iain Stiùbhart à Lascelles. Tha ceum goirid a' toirt an neach-tadhail gu Talla Bhaile an t-Salainn, a-nis na dhachaigh do Thaigh-tasgaidh Seumasach Blàr Sliabh a' Chlamhain.



Battle Chase le Seònайд NicCrorie,
air a pheantadh don Urras ann
an 2018.

An Dileab Chultarach

Tha cudromachd Blàr Sliabh a' Chlamhain a' leudachadh a-mach fada seachad air a bhulean grad armalteach agus poilitigeach. Goirid an dèidh don t-sabaid a bhith seachad, thàinig an tuathanach uasal Adhamh Skirling tarsainn bho Garleton gus coimhead air an t-sealladh. Dh'fhàs an t-òran a sgriobh e às dèidh a thuras – *Hey Johnnie Cope!* – anabarrach ainmeil. Sgriobh Raibeart Burns às dèidh sin seata eile de fhacail, ach dhearbh na facail thùsail a bhith nas seasmaiche.

Sgriobh caraid a' Chòrneil Gardiner, an t-Urramach Philip Doddridge, eachdraidh-beatha an oifigeir a thuit, a ruith tro mhòran chlò-bhualaidhean mar a bha iarrtas air a shon a' sìor èirigh. Thàinig a' chraobh-sgithich far an deach Gardiner a lorg, gu bhith na comharra-tìre do luchd-tadhail agus na roghainn mheasail airson ghràbhalachdan. Linn às dèidh a' bhlàir, chuir Sir Uilleam Allan an seasamh mu dheireadh aig Gardiner aig teis-meadhan dealbh mhòralach a chaidh ath-riochdachadh mar ghràbhalachdan agus leacan-gràbhall ainmeil.

Tràth san naoidheamh linn deug, nochd Blàr Sliabh a' Chlamhain mar mhòmaid dheatamaich anns an nobhail fior-ainmeil *Waverley* aig

Bhaltair Scott. Bha eòlas aig Scott air achadh a' bhlàir bho thadhalan air Baile an t-Salainn na òige, agus thug an leabhar aige am blàr gu aire luchd-leughaidh eadar-nàiseanta. Ghabh priomh stèisean-rèile Dhùn Èideann ainm an nobhail, agus b' urrainn do luchd-siubhail rèile amharc air a' charragh-cuimhne àrdaichte don Chòirneal Gardiner fhad 's a bhiodh iad a' siubhal ga ionnsaigh.

Thàinig am blàr às dèidh sin chun a' sgàilein mhòir le *Bonnie Prince Charlie* air a chluich le David Niven ann an 1948, agus o chionn gohirid tha nobhailean *Outlander* aig Diana Gabaldon agus na tionndaidhean telebhisean às dèidh sin, air an sgeulachd a thoirt gu luchd-éisteachd air feadh an t-saoghail.

Tha Urras Dualchais Blàr Sliabh a' Chlamhain (1745) a' coimhead ris an dileab chultaraich fhaide seo a chumail a' dol, a' coimiseanadh obraichean ùra agus a' cur taic ri eadar-mhineachadh cruthachail agus cuimhneachaidh. Tha na toraidhean gu ruige seo air rangachadh bho ghrèis-bhratan air an grèiseadh agus dealbhan air am peantadh gu dealbhan-cluiche, a thuilleadh air raon farsaing de fhoillseachaidhean ficsein agus neo-fhicsein.

Am modal den Phrionnsa
Theàrlach Èideard Stiùbhart
a tha a' coimhead thairis air
Taigh-tasgaidh Seumasach
Blàr Sliabh a' Chlamhain,
stèidhichte ann an Talla
Bhaile an t-Salainn.



Ar taigh-tasgaidh

*Tha Taigh-tasgaidh Seumasach Blàr Sliabh a' Chlamhain air a shuidheachadh ann an Talla Bhaile an t-Salainn, ri lorg ann an cridhe na coimhlearsnachd. Air a thogail mar phriomh shuidheachan comhairle a' bhaile, chaidh an talla fhosgladh gu h-oifigeil ann an 1897. Chaidh a dhealbhadh leis an ailtire ionadail Pàdraig Whitecross agus a thogail le luchd-ciùird ionadail. Tha talla a' bhaile on uair sin air a bhith na àite airson deasbadan poilitigeach, dannsaichean sòisealta, bainnsean, cuirmeann-ciùil agus pàrtaidhean ceann-là-breith. An dèidh grunn bhliadhnaichean de chleachadh a' crionadh, chaidh Talla a' Bhaile a leigeil air mál gu *Urras Dualchais Blàr Sliabh a' Chlamhain* (1745) ann an 2021.*


Tha priomh ghailearaidh an taigh-tasgaidh ag innse na sgeulachd aig Blàr Sliabh a' Chlamhain agus a dhileab chultaraich tro raon de dh'obair-ealain is buill-ealain tharraingeach. Nam measg sin tha dealbhan-pearsa le Ceit Nic an t-Sealgair agus earrannan de Bhrat-grèise Sliabh a' Chlamhain. Aig teis-meadhan an taisbeanaidh tha modal de achadh a' bhlàir, an toiseach air a dhealbhadh ann an 2008 agus air ath-dhealbhadh gu mòr-ire ann an 2022. Lorgaidh luchd-tadhail litrichean agus gràbhalachdan co-cheangailte ris a' Chòirneal Seumas Gardiner, an leòinteach a b' àirde rang sa bhlàir, a thuilleadh

air pìos den chraoibh-sgitich far an d' rinn e a sheasamh marbhtach mu dheireadh. Cuideachd san taisbeanadh tha samhail de chanan agus cuid de na buill-mhusgaid tron a rinn na Gàidheil an ionnsaigh ann an 1745, agus litir ann an làmh Sir Iain Cope fhèin. Tha pàipearan-naidheachd co-aimsireil a' sealltainn mar a chuala an saoghal an naidheachd mun bhlàir, agus tha aithisg mun cheasnachadh armalteach oifigeil ann an 1746 a' clàradh teisteanas neach-fianais bhon iomairt.

A' coimhead thairis air a' ghailearaidh tha am Prionnsa Teàrlach Ëideard Stiùbhart e fhèin, ga nochdad a' sgrìobhadh gu athair leis an naidheachd mun bhuaidh aca. Chaidh am modal, stèidhichte air obair-ealain cho-aimsireil, a chruthachadh bho thùs airson Taigh-tasgaidh Derby gus an 250mh ceann-bliadhna den Aramach a chomharrachadh. Is e dual de fhalt a' Phrionnsa aon de na buill-ealain as measaile san taigh-tasgaidh, cuimhneachan air an fhòr phearsa air cùlaibh fionn-sgeòil romansach "Bonnie Prince Charlie".

Tha an Seòmar lubailidh co-cheangailte ann an Talla a' Bhaile a' solarachadh thaisbeanaidhean cuairteachaidh bho *Ghrèis-bhrat Diaspora na h-Alba* agus tachartasan sònraichte eile.

Fiosrachadh mu thuairisgeul Anndra
Hillhouse air geàrd bagaist Arm
Bhreatainn a' gèilleadh aig Taigh
Chùil Choinnich. Stiùir an
Leifteanant-Còirneal Pàdraig Halkett
na co-rèiteachaidhean.



Dealbhan Hillhouse

Tha Blàr Sliabh a' Chlamhain air a bhith a' brosnachadh luchd-ealain, sgrìobhadairean agus luchd-ciùil a-riamh bho chaidh na h-urchairean mu dheireadh a losgadh. Mar phàirt de ar dealas a thaobh dileab chultarach a' bhlàir a chumail a' dol, chaidh Anndra Hillhouse a choimiseanadh gu sleath de sheallaidhean mòra a pheantadh, a' nochdadh priomh mhòmaidean a' bhlàir. Le doimhneachd agus mionaideachd, tha cruinneachadh Hillhouse a' taisbeanadh fiorachd dhràmadach agus fhuilteach na còmhraig.

Rugadh Anndra Hillhouse ann an 1964 agus thug e a-mach teisteanas mar theicneòlaiche ailtireachd fichead bliadhna às dèidh sin. Tron obair seo, dh'ionnsaich e dealbhan ailtireachd mhionaideach a thoirt gu bith. Às dèidh sin, bha e ag obair aig an Sgoil Ailtireachd Cruth-tìre ann an Colaiste Ealain Dhùn Èideann.

Air a bheò-ghlacadh bho òige le mòr-sgeulachdan mu ghaisgich eachdraidheil na h-Alba, cho-mheasgaich Anndra a ghràdh air eachdraidh le a chuid eòlais, a' tarraing dhealbhan mionaideach gus ath-chruthachaidhean iongantach a thoirt gu bith de dhaoine, àiteachan agus tachartasan eachdraidheil. Lorgar obraichean co-cheangailte ri àm Uilleam Uallas ann an Gailearaidh Ealain is Taigh-tasgaidh Mhic a' Ghobhainn ann an Sruighlea, agus thug e mòran phìosan gu bith do Choman Uilleam Uallas.

On a bha e a' còmhnaidh air an oir gu tuath, bha deagh thuigse aig Anndra don chruth-tìre mu thimcheall achadh Blàr Sliabh a' Chlamhain. Tha a chuid eòlais agus a dhìoghras le chèile air an nochdadh san t-sreath. Bha e cuideachd na thagradair làidir airson achadh a' bhlàir a dhòn agus na charaid mòr don Urras. Chaochail Anndra Hillhouse ann an 2018.

Pannal 59 de *Grèis-bhrat Sliabh a' Chlamhain*, a tha a' sealltainn Beatrix agus Mary Jenkinson a' faighinn eàrlasan bhon Phrionnsa Theàrlach nuair a choinnich iad ann an Duddingston. Air fhuaigheal le Ruth NicAlpain à Bruach Easg, a rèir an dealbhaidh aig Anndra Crummy.



Grèis-bhrat Sliabh a' Chlamhain

Tha Grèis-bhrat Sliabh a' Chlamhain mar an seud sa chrùn den chruinneachadh againn, agus na mholadh don dà thachartas ann an 1745 agus an càileachd chultarach. Is e carraigh-cuimhne a th' ann cuideachd don sgil agus dìcheall an luchd-fuaigheil saor-thoileach a rinn grèiseadh air na 105 pannalan.

Air a bhrosnachadh le tadhail air Grèis-bhrat Bayeux ann an Normandy, mhol Gòrdan Prestoungrange a bheachd mu phròiseact grèisidh cho-obrachail ag innse sgeulachd iomairt 1745. Chaidh an stiùiriche ealain coimhleasnachd, Anndra Crummy, a choimiseanadh gus na pannalan a dhealbhadh. Bha 79 pannalan san amharc an toiseach, ach dh'fhàs an àireamh mar a bha barrachd shaorthoilich a' tighinn air adhart airson páirt a ghabhail ann.

Chuir timcheall air 250 neach obair ris a' Ghrèis-bhrat, agus mòran dhiubh stèidhichte fad slighe na h-iomairt. Chaidh pannal anairt aon mheatair a dh'fhaid a chur gu gach fuaighealaiche no buidheann, leis an dealbh air a tharraing orra ann am peansail. Fhuair iad cuideachd iomhaigh phàipeir den phannal aca, a' sealltainn mar a dh'fhaodadh e a bhith air a dhath, agus baga de shnàth. Chaidh gach neach

a bha airson com-pàirteachadh a mhisneachadh gu sin a dhèanamh, agus bha saorise aig gach neach an lùban agus an stoidhle fhèin a thaghadh.

Tha an Grèis-bhrat a' leanainn turas a' Phrionnsa bho fhòr thoiseach troimhe gu a bhuilean dìreach às dèidh Blàr Sliabh a' Chlamhain. Tha caismeachdan an aim Bhreatannaich air a sealltainn cuideachd, a' cruthachadh aithris mhionaideach den iomairt. Tha am pannal deireannach a' taisbeanadh nan Seumasach a' meàrrsadhbh a-mach à Dùn Èideann air an slighe chun nan Crìochan, làn den dòchas agus den àrd-amas a bha a' bhuaidh aca air a bhrosnachadh.

Dhearrbh Grèis-bhrat Sliabh a' Chlamhain a bhith na bhrosnachadh airson àireamh de phròiseactan grèisidh cudromach eile sna bliadhnaichean às dèidh sin, le Grèis-bhrat Diaspora na h-Alba nam measg. Le 305 pannalan à còrr air trithead dùthaich eadar-dhealaichte, tha an grèis-bhrat na phàirt luachmhor de chruinneachadh an Urrais. Tha taisbeanaidhean de thaghadh cuimsichte de na diofar phannalan gan cuairteachadh ann an Seòmar lubailidh Talla a' Bhaile. Tha e ri fhaicinn gu h-iomlan aig www.scottishdiasporatapestry.org

Urras Dualchais Blàr Sliabh a' Chlamhain (1745)

Chaidh Urras Dualchais Blàr Sliabh a' Chlamhain (1745) a stèidheachadh ann an 2006. Is e carthannas clàraichte a th' ann (037447), le dealas a thaobh am blàr a thuigsinn agus eadar-mhìneachadh, agus làrach a' bhlàir a dhòn do na ginealaichean ri teachd. Tha an t-Urras a' ruith Taigh-tasgaidh Seumasach Blàr Sliabh a' Chlamhain ann an Talla Bhaile an t-Salainn agus a' cur air adhart prògram làn de thachartasan, taisbeanaidhean agus gniomhachdan foghlaim le sgoiltean agus buidhnean a' tadhail. Tha an làrach-lìn againn, duilleagan mheadhanan sòisealta agus an sianal Youtube a' solarachadh catalog farsaing de fhiosrachadh, goireasan agus susbaint bhidio. Tha susbaint ùr ga chruthachadh fad na tìde, gus am bi e comasach dhuinn ar n-obair a roinn le luchd-amhairc air feadh an t-saoghal fìù ged nach urrainn dhaibh a thighinn gu Sliabh a' Chlamhain (fhathast)! Bithibh cinnteach gun lean sibh ar gniomhachdan:

www.battleofprestonpans1745.org.

Bho 2019, tha an t-Urras air stiùir a ghabhail air 'Slighe Sheumasach' a tha a' sìor fhàs a chruthachadh, a' toirt stòr-dàta a ghabhas rannsachadh de suas ri 100 ionad-cruinneachaidh gu chèile, le ceanglaichean agus cruinneachaidhean Seumasach. Còmhla, tha iad gar cuideachadh le co-theacsa fharsaing aramachan nan Seumasach, a thuigsinn: www.jacobitescotland.org

That har a' faicinn ar làthaireachd ann an Talla Bhaile an t-Salainn mar phriomh chlach-mìle air an rathad gu goireas aig ire chruinneil a chruthachadh faisg air achadh a' bhlàir a dh'aon ghnothaich do luchd-tadhail, a bhios cuideachd na dhachaigh mhaireannach do Ghrèis-bhrat iomlan Sliabh a' Chlamhain. Tha sinn an dòchas gun lean sibh ar n-adhartas a dh'ionnsaigh an amais sin.

Gus tadhal air achadh-blàir Sliabh a' Chlamhain agus Grèis-bhrat Sliabh a' Chlamhain a sgrùdadadh, lean na ceanglaichean seo gus app an-asgaidh fòn-làimhe a luchdachadh sìos



Caraidean a' Phrionnsa ...

Mar charthannas a tha a' tairgssinn mòran thachartasan agus cothrom poblach an-asgaidh air ar taigh-tasgaidh aig an deireadh-sheachdain, tha sinn an-còmhnaidh a' coimhead airson saor-thoilich gus cuideachadh ann an àireamh gun chrich de shuidheachaidhean; agus sinn gu mòr an eisimeil thiodhlacan pearsanta agus thabhartasan gus ar seasmhachd ionmhasail a dhèanamh tèarainte. Ma tha sibh comasach agus deiseil airson ar cuideachadh ann an dòigh sam bith, cuiribh fios thugainn air post-d (museum@battleofprestonpans1745.org) no thigibh gar coinneachadh. Tapadh leibh.

Foillsichte an toiseach ann an 2022

Còraichean © Urras Dualchais Blàr Sliabh a' Chlamhain (1745) 2022

Na còraichean uile glèidhte. Dlige-sgrìobhaidh fo Ghnàthachas Dlige-sgrìobhaidh Pan-Aimeireaganach agus eadar-nàiseanta.

Chan fhaod pàirt sam bith den leabhar seo ath-riochdachadh, a stòradh ann an siostam ath-leasachaidh no a chraoladh ann an cruth sam bith eile no air dhòigh sam bith eile, eileagtronageach, meacanaigeach, leth-bhreacadh, clàradh no eile, às aonais cead ro-làimh bhon fhoillsichear agus an neach-glèidhidh chòraichean. Taobh a-staigh na RA, tha a chaochladh ceadaichte a thaobh dèiligeadh cothromach airson adhbhar rannsachaidh no sgrùdadh priobhaideach, no breithneachadh no ath-

sgrùdadh, mar a thèid a cheadachadh fo Achd Dlige-sgrìobhaidh, Dealbhaidhean is Peantan 1988.

Fhad's a tha am foillsichear a' dèanamh a h-uile oidhrip air fiosrachadh iomlan is ceart fhoillseachadh san leabhar seo, uaireannan faodaidh mearachdan dearmaid no susbaint tachairt. Airson seo, tha am foillsichear làn aithreachais, ach leis an seo a' seachnadh buailteachd sam bith.

Clò Oilthigh Grainnseach Bhaile nan Sagairt
227/229 Sràid Ārd,
Baile an t-Salainn,
Lodainn an Ear,
Alba EH32 9BE.

Dealbhadh is Clò-shuidheachadh le Chat Noir Design, An Fhraing, Clò-bhualite is banntaichte ann am Breatainn

Dealbhadh a' chòmhdaich: An dealbh le Anndra de dh'ionnsaigh nan Gàidheal agus na Camshronaich a' toirt leotha nan gunnachan-mòra.

Tabhartas molta don leabhar seo: £5/€7 \$US7

